

***Tha Ealasaid Nic-a-phì a' toirt seachad òraid mun sgrìobhadair Niall Guinne.***

Tha Alba aithnichte mar dhùthaich às an tàinig mòran sgrìobhadairean air leth – Robert Louis Stevenson, Walter Scott, Iain Mac a' Ghobhainn agus Ian Rankin nam measg. Ach an do leugh sibh gin de na leabraichean a sgrìobh Niall Guinne? Tha cuid den bheachd gur e Guinne an sgrìobhadair-ficsein Albannach as motha a thug buaidh air saoghal an litreachais anns an fhicheadamh linn. Sgrìobh e còrr 's fichead nobhail. Tha mòran de nobhailean Nèill Ghuinne air an suidheachadh anns na coimhearsnachdan Gàidhealach anns an do dh'fhàs e suas. Ged nach robh a' Ghàidhlig aig Niall Guinne fhèin, tha e follaiseach gun robh buaidh mhòr aig a' chànan air an stoidhle-sgrìobhaidh aige.

Rugadh Niall Guinne ann an Cataibh ann an ceann a tuath na h-Alba ann an 1891. 'S e iasgair a bha na athair agus tha e soilleir gun tug esan 's an obair aige buaidh mhòr air sgrìobhadh Nèill. Bha ùidh mhòr aig Niall Guinne fhèin ann an iasgach na mara agus ann an gaisge nan iasgairean 's iad daonnan ann an cunnart fhad 's a bha iad aig muir. Bha beatha dhoirbh aig muinntir na Gàidhealtachd aig deireadh na naoidheamh linn deug agus dh'fheumadh na boireannaich an obair air fad a dhèanamh nuair a bhiodh na fir aig muir. 'S e boireannach làidir, comasach a bha ann am màthair Nèill Ghuinne agus tha feartan a caractair cuideachd rim faicinn na sgeulachdan.

Dh'fhàg Niall Guinne an dachaigh nuair a thàinig am foghlam-sgoile aige gu crìch 's gun e ach trì bliadhna deug. Bha e a' fuireach agus ag obair airson trì bliadhna ann an ceann a deas na h-Alba mus do ghluais e a Lunnainn. Thug na beachdan poilitigeach mun d' fhuair e a-mach an sin buaidh mhòr air fhèin agus air a sgrìobhadh. Ach cha robh Niall Guinne ach trì bliadhna sa bhaile mhòr mus d' fhuair e obair mar oifigear-cusbainn air a' Ghàidhealtachd. Rinn e fhèin 's a bhean an dachaigh ann an Inbhir Nis.

Anns na ficheadan, thòisich Niall Guinne air sgeulachdan goirid, bàrdachd agus aistean a sgrìobhadh. Chaidh a' chiad nobhail aige fhoillseachadh ann an 1926: *The Grey Coast*. 'S dòcha gur e *Highland River* an leabhar as soirbheachaile a sgrìobh e. Chaidh fhoillseachadh ann an 1937 agus bhuannaich e duais mhòr. B' urrainn Guinne beoshlàint a dhèanamh a-nis à sgrìobhadh. Chuir e cùl ris an obair a bh' aige mar oifigear-cusbainn agus thòisich e mar sgrìobhadair làn-ùine. Sgrìobh e *The Silver Darlings* mun àm seo, nobhail ainmeil a tha stèidhichte air na thachair aig àm nam Fuadaichean.

Chaochail Niall Guinne ann an 1973 ach dh'fhàg e dileab phrìseil litreachais againn. Bidh sgoilearan air feadh na dùthcha a' leughadh nan sgeulachdan aige chun an latha an-diugh. Bidh Urras Nèill Ghuinne agus *Highlife* na Gàidhealtachd a' cumail co-fharpaisean sgrìobhaidh gach dàrna bliadhna mar chuimhne air. Bidh co-fharpaisean ann airson inbhich, sgoilearan àrd-sgoile agus sgoilearan bun-sgoile. Mura do ghabh sibh fhèin a-riamh pàirt sna cho-fharpaisean seo, carson nach fheuch sibh?